

Notaichean nan Tidsair – Sgeulachd LEGO Leigheas Fear Leis a' Phairilis/The Paralysed Man

'S e stòiridh ainmeil anns a' Bhìoball a th' ann an **Leigheas Fear Leis a' Phairilis**.

Rinn Iosa mìorbhail an uair a shlànaich e am fear air an robh a' phairilis.

Rannsaichibh agus bithibh air ur bogadh san sgeulachd seo bho **Lùcas 5** leis a' bheòthalachd LEGO seo a tha ag innse mar a shlànaich Iosa corp an duine agus mar a mhaith e a pheacaidhean. Seo am fear as ùire ann an sreath de bheòthalachdan LEGO agus faodaidh sibh a chleachdadh gus an stòiridh a theagasg ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

An dèidh a' bhidio a choimhead (dreach Gàidhlig no Beurla), faodaidh sibh tòrr spòrs agus obair inntinneach a chruthachadh ann an cànan seach cànan.



Bhon stòiridh tharraingeach, theò-chridheach seo, ionnsaichidh a' chlann mu mheasgachadh de fheartan daonnail, mar coibhneas, càirdeas, cùram agus urram.

Tha am beòthalachd seo fìor-mhath airson teagasg do chlainn mu **chàirdeas**. Tha e a' sealltainn dè tha càirdeas fìor a' ciallachadh, le daoine deònach rud sam bith a dhèanamh dhan caraidean, fiù gu mullach taighe a tholladh! Tha e cuideachd a' sealltainn gur e fear a bh' ann an Iosa a thug dùbhlain do riaghailtean an t-sluaigh chràbhaich agus a bha deònach gabhail ri còmhstri nan toireadh sin piseach air beatha duine.

Tha an stòras àlainn seo math dha-rìribh airson a chleachdadh an dà chuid anns an sgoil agus aig an taigh; agus le cuideachadh bhuaithe faodaidh a' chlann an raon-fhacal Gàidhlig aca a leasachadh agus an cuid sgilean ann an èisteachd, labhairt, leughadh agus sgrìobhadh a thoirt air adhart.

Seo cuid den obair a dh'fhaodar a dhèanamh an dèidh a' bhidio a choimhead, le atharrachaidhean iomchaidh a rèir aois agus ìre na cloinne:

RME:

- Beachdaichibh air an bhidio còmhla ris a' chlann gus cuideachadh leotha tuigse dè th' ann am mìorbhail agus dè th' ann a bhith le pairilis.
- Rannsaichibh agus bruidhnibh mu na tha a' tachairt san stòiridh.
- Rannsaichibh na cuspairean seo: coibhneas, cùram, càirdeas agus urram. Dè dh'fhaodas sinn ionnsachadh bho eisimpleir nan caraidean? Carson a tha sibh a' smaoineachadh a bha e cudthromach gum faigheadh an duine mathanas mus deach a shlànachadh?



Litearrachd:

- Sònraich na prìomh phuingean san stòiridh agus na faclan agus na h-abairtean a tha cudthromach anns a' Ghàidhlig.
- Cuir an stòiridh ann an òrdugh rianail – m.e. diagram; dh'fhaodadh clann an dreach Lego aca fhèin a thogail de phàirtean den stòiridh, le dithis no buidheann beag ag obair còmhla a rèir aois agus ìre; dh'fhaodadh a' chlann leubail a chur air an obair a thog iad/geàrr-chunntas a sgrìobhadh nam faclan fhèin/dealbhan a thogail mar fhianais air an cuid obrach; agus dh'fhaodadh iad sin a luchdachadh gu làraich air-loidhne.

- Ath-innis an stòiridh le dealbhan, pupaidean/riochd-chluich no mar leabhar-latha bho shealladh aon de na prìomh charactaran. Innis mar a bha an duine a' faireachdainn mus deach a shlànachadh agus an dèidh sin, a' smaoineachadh air mar a bha losa, na deisciobail agus na daoine a bha timcheall a' faireachdainn.
- Tagh aon dealbh às a' bhidio agus dean fhèin dealbh dheth. Sgrìobh na faclan a tha gach duine ag ràdh – m.e. losa, am fear leis a' phairilis, a charaidean, na deisciobail, no daoine eile san taigh.

Slàinte agus Sunnd:

- Dèanaibh deasbad/rannsachadh air pairilis. **Dè as urrainn do dhaoine le pairilis a dhèanamh san latha an-diugh?**
 - Is urrainn do dhaoine le pairilis mòran de rudan a dhèanamh nach urrainn do dhaoine gun pairilis a dhèanamh.
 - Tha e a' rèir càite bheil am pairilis. Ma tha am pairilis san leth ìosal, faodaidh duine compàirteachadh ann an grunn spòrsan, m.e. ball-bascaid cathair-chuibhle.
 - Le beagan atharrachaidh san àite-obrach, is urrainn dhaibh raon fharsaing de obraichean agus de chur-seachadan a dhèanamh.
 - Mar as motha am pairilis, is ann as lugha na cothroman. Faodaidh teiripe dhreuchdail cuideachadh gu mòr le fòcas a chur air na cothroman a tha rim faighinn.
 - Eadhon le làn phairilis, faodaidh daoine fhathast an eanchainnean a chleachdadh. Even with almost total paralysis, individuals can still use their brains. Tha an t-Ollamh Stephen Hawking nach maireann na fhianais air an sin!
- Rannsaich agus ionnsaich mu na Geamannan Pairilimpeach.
- Ceangail an stòiridh ri mar a bhios càirdeas dàimheil a' fàs. Dè na rudan a tha a' dèanamh deagh charaid?

Teicneòlas:

- Tog earrannan den stòiridh, a' cleachdadh Lego a tha freagarrach dhan aois/ìre.
- Tog **an seòrsa taigh a tha san stòiridh**, a' cleachdadh **LEGO sgema PDF**.



Cuspairean Sòisealta:

- Rannsaich an seòrsa taigh a tha san stòiridh seo. Càite san t-saoghal am biodh taighean mar sin? Dèan coimeas ri dachaighean na clainne, ma tha sin iomchaidh.

Briathrachan de fhaclan agus abairtean Gàidhlig a dh'fhaodadh a bhith feumail dhan chloinn agus dha na teaghlachan aca airson faclan a tha air an cleachdadh anns a' bhidio a thuigse:

:

- miann – desire/wish
- bruadar -dream
- brat – mat
- na laighe – lying
- comas - able
- leithid sin thoirt gu teachd – bring that about
- dìcheall – utmost endeavour/effort
- dh'aindeoin - despite
- sluagh - crowd
- a' cladhadh – digging
- claigeann – skull
- coimeas slànachaidh – ability to heal

- creideamh – faith
- peacaidhean – sins/wrongdoing
- mathanas - forgiveness
- mathadh - forgiving
- a' cànràn - grumbling
- le tàir- scorn/contempt
- osann - sigh
- gràin- hatred
- gun foir – without help/aid
- còmhnaidh agus dìreach - straight and tall
- deoir aoibhneis ga dhalladh – tears of joy blinding him
- iongnadh - wonder
- cumhachd – power
- thog e na buinn – he took to his heels
- feuman nas doimhne – deeper needs
- aithne – to know
- cearban - faults
- saorsa - freedom

Ceanglaichean ri Eòlasan CfE, Builean agus Slatan-tomhais

	Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
Tràth- Ìre	Nuair a bhios mi a' rannsachadh sgeulachdan, ìomhaighean, ceòl agus dàin Chrìosdail, tha mi a' fàs eòlach air cuid de na creideasan a tha aig daoine Crìosdail mu Dhia agus Ìosa. RME 0-01a Nuair a tha mi a' cluich agus ag ionnsachadh, tha mi a' meudachadh mo thuigse mu dè tha cothromach agus dè nach eil, agus mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cùram do, a' roinneadh agus a' co-obrachadh le, daoine eile. RME 0-02a Tha mi a' leudachadh spèis do dhaoine eile agus mo thuigse mun creideasan agus luachan. RME 0-07a Fhad 's a tha mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean, tha mi ag ionnsachadh fhacail agus abairtean ùra. Tha mi gan cleachdadh airson mo chuideachadh a' bruidhinn, a' cluich is ag obair còmhla ri daoine eile. GAI 0-02a	Roinn smuaintean agus a' faighneachd 's a' freagairt cheistean gus taic a thoirt agus tuigse a nochdadh do sgeulachdan, ìomhaighean, ceòl agus dàin bho Chrìosdaidheachd. Roinn smuaintean mu dheidhinn dè tha cothromach, mì-chothromach, cùramach agus roinneil Ag èisteachd ri, a' taisbeanadh tuigse agus ag ath-aithris fhacail is abairtean ùra bho chleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachadh làn-bhogaidh tarsainn measgachadh de cho-theacsan. Cleachdadh òrain, dàin, duain agus cluichean-riochd gus sealltainn mar a tha iad a' leasachadh cànan ùr. Nochdadh tuigse do nì a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd, agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo airson roghainnean a dhèanamh no briathrachas ùr ionnsachadh an taobh a-staigh co-theacsa suidheachadh làn-bhogaidh.

Tha mi ag èisteachd no a' coimhead airson fiosrachadh feumail, agus tha mi a' cleachdadh seo gus taghaidhean a dhèanamh no rudan ùra ionnsachadh. LIT 0-04a Airson mo chuideachadh a' tuigsinn sgeulachdan agus theacsaichean eile, tha mi a' faighneachd cheistean agus a' dèanamh ceangal eadar na tha mi ag ionnsachadh agus nas aithne dhomh mu thràth. LIT 0-07a / LIT 0-16a / GAI 0-17a 'S toigh leam a bhith a' rannsachadh thachartasan is characteran ann an sgeulachdan is teacsaichean eile agus tha mi a' cleachdadh na dh'ionnsaicheas mi gus mo chuid fhìn a dhèanamh, gan innse le mac-meanmna. LIT 0-09b / LIT 0-31a Is toigh leam a bhith a' rannsachadh thachartasan agus characteran ann an sgeulachdan agus theacsaichean eile, ag innse mo smuaintean ann an dòighean eadar-dhealaichte. LIT 0-19a Tha mi a' sgrùdadh dhòighean a thaobh a bhith a' deilbh agus a' dèanamh mhodailean. TCH 0-09a	• A' tuigsinn agus a' freagairt theacsaichean labhairte. • Comharrachadh fiosrachadh ùr no inntinneach bho theacsaichean labhairte. • Faighneachd agus freagairt cheistean mu theacsaichean, gus tuigse a nochdadh agus taic a chur ri tuigse. • Dèanamh ro-innsean sìmplidh mu theacsaichean. • Labhairt gu soilleir ri càch ann an diofar cho-theacsan, a' roinn fhaireachdainnean, bheachdan agus smuaintean. • Ag innse mu eòlasan, sgeulachdan agus tachartasan ann an òrdugh loidsigeach airson diofar adhbharan. • Conaltradh agus roinn sgeulachdan ann an diofar dhòighean, mar eisimpleir, ann an cluich mhac-meanmhainneach. • Cleachdadh briathrachas agus abairtean ùra ann an diofar chotheacsan, mar eisimpleir, ann an libhrigeadh bheachdan agus fhaireachdainnean no a' deasbad air teacsa. • Ag innleachadh agus a' roinn a sgeulachdan fhèin ann an diofar dhòighean, mar eisimpleir a' cleachdadh phupaidean mar phàirt de chluich mac-meanmhainneach, a' cleachdadh fhacail is abairtean Gàidhlig. • Ag ath-innse sgeulachd ann an òrdugh tuigseach, a' cleachdadh fhacail is abairtean Gàidhlig a thuilleadh air mìm agus cluich-riochd mar chuideachadh le leasachadh cànan luchd-ionnsachaidh. • Cruthachadh sgeulachdan is characteran airson an roinn le càch ann an cluich, cotheacsan mac-meanmhainneach agus fìor. • Roinn fhaireachdainnean, eòlasan, fiosrachadh, teachdaireachdan no beachdan ann an dealbhan, ann an clò no teacsaichean didseatach. • Conaltradh le teacsaichean air an leughadh dhaibh. • Faighneachd agus freagairt cheistean mu thachartasan agus bheachdan ann an teacsa. • Freagairt cheistean gus cuideachadh le ro-innse air an ath nì a tha a' dol a thachairt. • Deasbad characteran agus thachartasan a tha buntainneach don teacsa. • Roinn smuaintean agus fhaireachdainnean mu sgeulachdan is theacsaichean eile ann an diofar dhòighean. • Ag ath-innse sgeulachdan eòlach ann an diofar dhòighean, mar eisimpleir cluich-riochd, pupaidean agus dealbhan tarraingte. • Ceangal fiosrachaidh agus bheachdan bho theacsa ri eòlasan pearsanta. • Cleachdadh fhacail chumanta Gàidhlig airson seantansan sìmplidh a chruthachadh. • Togail mhodailean a' cleachdadh diofar stuthan, me modaileadh bho smodal, blocaichean fiodha.. • Cleachdadh innealan agus stuthan (pàipear, cairt, fiodh, plastaig) airson modailean a chruthachadh.
---	---

Ciad ìre	Tro rannsachadh sgeulachdan a' Bhiobaill, 's urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air cuid de na creideasan a tha aig Crìosdaidhean mu Dhia agus Iosa. RME 1-01a	Toirt iomradh, a' deasbad agus a' toirt beachd, le co-dhiù aon adhbhar, air co-dhiù aon chreideamh bho Chrìosdaidheachd, co-dhiù aon Chreideamh Saoghail, agus co-dhiù aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh,
	An dèidh sgeulachdan às a' Bhioball agus sgeulachdan Crìosdail eile a leughadh, 's urrainn dhomh mo thuigse, a tha a' sìor fhàs mu phrìomh luachan Crìosdaidheachd a shealltainn, agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith air an cur an gnìomh ann am beatha dhaoine agus choimhearsnachdan. RME 1-02a 'S urrainn dhomh tuigsinn prìomh fheartan luachan Chrìosdaidheachd, a tha air an sealltainn ann an sgeulachdan. RME 1-02b 'S urrainn dhomh mo thuigse mu luachan a nochdadh, mar chùram, co-roinneadh, cothromachd, ionannachadh agus gràdh. RME 1-09b Tha mi a' fàs mothachail gu bheil creideasan agus luachan dhaoine a' toirt buaidh air an gnìomhan. RME 1-09c Fhad 's a tha mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean, 's urrainn dhomh facail agus abairtean ùra a chleachdadh airson mo chuideachadh a' dèiligeadh ri daoine eile. GA1 1-02a Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, is urrainn dhomh adhbhar agus prìomh fhacail agus bheachdan an teacsa aithneachadh agus bruidhinn air, agus am fiosrachadh seo a chleachdadh airson adhbhar sònraichte. LIT 1-04a 'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt no a' faighneachd diofar sheòrsaichean cheistean. LIT 1-07a 'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan no pròiseasan, mo bheachdan a thoirt seachad no ìmpidh a chur air an leughadair ann an diofar dhòighean. LIT 1-28a	- Toirt iomradh air agus a' deasbad aon luach bho Chrìosdaidheachd, co-dhiù aon Chreideamh Saoghail, agus co-dhiù aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh, a' taisbeanadh mar a dh'fhaodte an luach seo a chur an gnìomh. - Toirt seachad fiosrachadh agus beachd-smuaintean mu dheidhinn co-dhiù dà chreideas gu eòlasan pearsanta. - Toirt iomradh air agus a' deasbad co-dhiù aon chreideas pearsanta agus aon eisimpleir aig a' char as lugha de mar a dh'fhaodadh fèin-chreideasan buaidh a thoirt air gnìomhan. Gabhail a-steach fhacail is abairtean ùra Gàidhlig do chànan a tha freagarrach don luchd-èisteachd le cruinneas fuaimneachaidh. - Comharrachadh agus deasbad nam prìomh bheachdan ann an teacsa labhairte agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh a chaidh a thional airson adhbhar sònraichte. - Faighneachd agus freagairt diofar sheòrsaichean cheistean a tha a' taisbeanadh tuigse do na prìomh bheachdan sna teacsaichean a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd Ann an sgrìobhadh airson fiosrachadh a thoirt seachad, thoir cunntas air tachartasan no pròiseasan, roinn beachdan no cuir ìmpidh air leughadairean ann an diofar dhòighean: - Taghadh, eagrachadh agus lìbhrigeadh fiosrachadh ann an diofar dhòighean. - Cleachdadh briathrachas agus cànan airson adhbharan sònraichte. - Roinn a bheachd fhèin agus a' dèanamh oidhirp no dhà air ìmpidh a chur air an leughadair mar a bhios iomchaidh don adhbhar.

	'S urrainn dhomh cunntas a thoirt do dhaoine eile air rudan a thachair dhomh agus mar a thug iad orm faireachdainn. ENG 1-30a GAI 1-30a Is urrainn dhomh dealbhadh agus togail modailean agus na fuasglaidhean agam a mhìneachadh. TCH 1-09a	Ann an sgrìobhadh airson cunntas a thoirt air eòlasan agus an roinn: • Sgrìobhadh mu eòlasan pearsanta ann an dòigh leantail each, a' cleachdadh briathrachas iomchaidh (Gàidhlig) airson iomradh a thoirt air faireachdainnean, smuaintean agus tachartasan. • Cruthachadh agus fireanachadh fuasgladh do dhùbhlàn deilbhidh sònraichte, beachdachadh air cò dha a tha e, càite agus ciamar a thèid a chleachdadh. • Cleachdadh innealan iomchaidh agus modhan ceangail airson modail a thogail.
--	---	---

Dàrna ìre	Tro rannsachadh agus meòrachadh air sgeulachdan a' Bhìobail agus sgeulachdan Crìosdail eile, 's urrainn dhomh mo thuigse mu na sgeulachdan sin a shealltainn. RME 2-01a Tro rannsachadh agus smaoineachadh mu bheatha agus teagasg Ìosa agus prìomh fhigearan Crìosdail, agus a' tarraing air luachan moralta, a tha air an innse ann an Crìosdaidheachd, tha mi a' tòiseachadh a' tuigsinn mar a thug iad buaidh air moralachd Crìosdail. RME 2-02a S urrainn dhomh mo bheachdan a tha a' sior fhàs mu luachan, mar cothromachd agus co-ionannachd agus gràdh, cùram, co-roinneadh agus còirean daonna a shealltainn. RME 2-02b Tha mi a' leasachadh mo thuigse gu bheil creideasan agus luachan aig daoine, a tha stèidhichte air suidheachaidhean creideimh no suidheachaidhean eile. RME 2-09b 'S urrainn dhomh a mhìneachadh mar a tha diofar dhaoine a' smaoineachadh gu bheil luachan, mar onair, spèis agus co-fhaireachdainn cudromach, agus tha mi a' nochdadh spèis do dhaoine eile. RME 2-09c Tha mi a' leasachadh mo thuigse do mar a tha mo chreideasan fhìn agus creideasan dhaoine eile a' toirt buaidh air ar gnìomhan. RME 2-09d Fhad 's a tha mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean, 's urrainn dhomh facail, abairtean agus gnàthasan-cainnte Gàidhlig ùra a chleachdadh airson mo chuideachadh a' dèiligeadh ri daoine ann an dòigh fhogail, a' cleachdadh briathrachas farsaing agus structaran cànanach eil cho simplidh. GAI 2-02a	• Rannsachadh, toirt iomradh air, mìneachadh agus cur an cèill beachd mu co-dhiù aon chreideasvi bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail agus aon bhuidheann creideis a tha neo-eisimeileach do chreideamh. • Deasbad dhòighean sam faod fèin-chreideasan buaidh a thoirt air gnìomhan. Rannsachadh, toirt iomradh air, mìneachadh agus cur an cèill beachd air co-dhiù aon luach bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. • Deasbad dhòighean sam faod fèin-luachan buaidh a thoirt air gnìomhan, • Deasbad agus cur an cèill bheachdan mu chudromachd luachan mar ionracas, spèis agus co-fhaireachdainn. • Gabhail a-steach raon de bhriathrachas, abairtean agus gnàthscainnt don chànan a tha iomchaidh don luchd-èisteachd tarsainn raoitean den churraicealam. • Cur a-steach àireamh de smuaintean buntainneach, fiosrachadh agus beachdan ann an conaltradh le càch. • Nochdadh spèis do bheachdan chàich agus a' tabhach a shealladh fhèin. • Togail air tabhartasan chàich, mar eisimpleir le bhith a' faighneachd no a' freagairt cheistean, a' soilleireachadh phuingean no a' cur taic ri beachdan no smuaintean chàich. • Cleachdadh fheartan den Ghàidhlig gu ceart agus le mionaideachd a tha a' sior fhàs, mar eisimpleir structaran gràmair agus gnìomhairean neo-riaghailteach.
------------------	--	---

	Nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dòighean iomchaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoineachadh. LIT 2-02a Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh adhbhar an teacsa, na prìomh bheachdan agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha aithneachadh agus bruidhinn orra, agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh airson diofar adhbharan. LIT 2-04a 'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean. LIT 2-28a Nuair a tha mi a' sgrìobhadh airson diofar adhbharan agus leughadairean, 's urrainn dhomh cunntas a thoirt do dhaoine eile air rudan a thachair dhomh, ag innse mun bhuaidh a bha aca air mo smaoineachadh agus m' fhaireachdainn. ENG 2-30a GAI 2-30a Is urrainn dhomh leudachadh agus cur ris na sgilean deilbh agam gus ceistean fhuasgladh agus is urrainn dhomh modailean a thogail. TCH 2-09a	• Comharrachadh an adhbhair airson teacsaichean labhairte le mìneachadh sìmplidh. • Comharrachadh agus taisbeanadh tuigse do na prìomh bheachdan ann am measgachadh de theacsaichean labhairte, le taic mion-fhiosrachaidh, agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh a chaidh a thional airson adhbhar sònraichte. • Gabhail nòtaichean buntainneach a' cleachdadh raon fharsaing de bhriathrachas Gàidhlig, sa mhòr-chuid, agus a' cleachdadh iad sin gus teacsaichean ùra a chruthachadh airson raon de dh'adhbharan. Ann an sgrìobhadh gus fiosrachadh a nochdadh, iomradh a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no beachd-smuaintean a chothlamadh ann an diofar dhòighean: • Cleachdadh stoidhle agus cruth iomchaidh airson fiosrachadh a nochdadh, a' cur an sàs prìomh fheartan den ghnè taghte. • Gabhail a-steach bheachdan, eòlas agus fiosrachadh buntainneach. • Eagrachadh agus taisbeanadh fiosrachaidh ann an dòigh tuigseach. • Cleachdadh guth agus briathrachas a tha freagarrach don adhbhar.. Ann an sgrìobhadh airson iomradh a thoirt agus eòlasan a roinn: • Toirt iomradh air eòlasan pearsanta, a' dèanamh co-theacsa agus tachartasan soilleir. • Cleachdadh briathrachas soilleir gus iomradh a thoirt air smuaintean agus faireachdainnean. • Dèanamh oidhirp air conaltradh le/no buaidh a thoirt air an leughadair tro bhriathrachas agus/no cleachdadh cànan • Cleachdadh innealan agus uidheam gus gnìomh a choileanadh gu sàbhailte • Cruthachadh raon de bheachd-smuaintean agus a' taghadh fhuasgladh freagarrach.
Tràth gu Dàrna Ìre	Tha fios agam gu bheil càirdeas, cùram, roinn, cothromachd, co-ionannachd agus spèis cudromach ann an dèanamh dàimh làidir ri daoine. Mar a tha mi a' togail agus a' cur luach air dàimhean, tha mi a' nochdadh sùim agus spèis dhomh fhìn agus do dhaoine eile. HWB 0-05a / HWB 1-05a / HWB 2-05a Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còirichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còirichean	

	sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòirichean dhaoine eile. HWB 0-09a / HWB 1-09a / HWB 2-09a	
Tràth gu Dàrna Ìre	Rannsaich mi mar a bha daoine beò san àm a dh'fhalbh, agus chleachd mi cluich mac-meanmnach gus sealltainn mar a bha am beatha eadar-dhealaichte bho mo bheatha fhìn agus beatha nan daoine mun cuairt orm. SOC 0-04a 'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar pàirtean de bheatha làitheil dhaoine san àm a dh'fhalbh agus mo bheatha fhìn, a' cleachdadh fianais eachdraidheil no m' eòlas air a bhith ag ath-chruthachadh suidheachadh eachdraidheil. SOC 1-04a 'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar dòigh-beatha an tsluaigh san àm a dh'fhalbh agus na mo latha fhìn, agus pàirt a ghabhail ann an còmhraidh air na dòighean sa bheil iad coltach agus aicoltach ri chèile. SOC 2-04a	Cleachdadh eòlas air an àm a dh'fhalbh gus diofar a thaisbeanadh eadar am beatha san latha an-diugh agus beatha san àm a dh'fhalbh..
Tràth gu Dàrna Ìre	Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a thaisbeanadh agus a chur an cèill tro dhràma. EXA 0-13a / EXA 1-13a / EXA 2-13a	(Tràth-Ìre) Gabhail pàirt ann an dealbh-chluich no suidheachadh dràmadach, mar eisimpleir, cuirm le pupaidean, suidheachadh fìor no sa mhac-mheanmhainn, athghnìomhadh air sgeul no sgeulachd thraidiseanta.